

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

## le Ruairidh MacIlleathain

### **Dòmhnall MacRath agus Creach Mhòr nam Fiadh (1)**

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 773. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 469 corresponds to Litir 773.*

Bha Dòmhnall MacRath na mhaighstir-sgoile ann an Sgoil Bhail’ Ailein ann an Leòdhas airson dìreach dà bhliadhna. Ach choisinn e cliù ann. Bha e an sàs gu mòr ann an ‘Creach Mhòr nam Fiadh’, a’ chreach ainmeil a thachair air Frìth na Pàirce ann an ochd ceud deug, ochdad ’s a seachd (1887).

Chan e Leòdhasach a bh’ ann an Dòmhnall, ge-tà. Rugadh e ann am Ploc Loch Aillse ann an ochd ceud deug, caogad ’s a h-aon (1851). ’S e sgoilear Gàidhlig a bh’ ann agus tha pàipearan aige am measg cruinneachadh Comunn Gàidhlig Inbhir Nis. Bha e a’ teagasg ann an Inbhir Nis agus an uair sin, fhuair e dreuchd mar cheannard-sgoile ann an Ceann Drochaid ann an Alanais, ann an Ros an Ear.

Ach rinn e nàimhdean am measg uachdarain agus àrd-urrachan na Gàidhealtachd, oir bha e a’ taobhadh gu làidir ris na croitearan a bha a’ strì airson còraichean fearainn. Bha Dòmhnall an sàs gu mòr ann an obair Lìog an Fhearainn agus ann an Institiud Foghlaim na h-Alba.

Chuir àrd-urrachan bòrd na sgoile às a dhreuchd e. Bha iad a’ cumail a-mach gun robh e a’ toirt poilitigs a-steach don t-seòmar-theagaisg. Bha Dòmhnall a’ dol às àicheadh sin. Bha na daoine cumanta feargach gun do chaill e a dhreuchd. ’S ann an uair sin a choisinn Dòmhnall cliù dha fhèin mar ‘Mhairtir Alanais’.

Cha robh e fada gun obair, ge-tà. Fhuair e dreuchd mar mhaighstir-sgoile ann am Bail’ Ailein ann an Sgìre nan Loch ann an Leòdhas. An sin, bha na daoine ag agairt airson fearann an sinnsirean fhaighinn air ais. **Bha an sinnsirean air am fuadachadh** agus bha mòran dhen fhearann fhathast – sin Frìth na Pàirce – air a chur gu feum airson fèidh an uachdarain. Thàinig Dòmhnall MacRath gu àite far am b’ urrainn dha leantainn le obair airson ceartas do mhuinntir na Gàidhealtachd. Bhiodh cuid a’ gabhail ‘Mairtir Bhail’ Ailein’ air, seach ‘Mairtir Alanais’.

Às dèidh grunn choinneamhan poblach – ann an Sgoil Bhail’ Ailein – roghnaich na croitearan a dhol air adhart le bhith a’ marbhadh fhiadh air fearann na Pàirce. Bha iad a’ dol a dhèanamh sin gu follaiseach agus chuir iad fios do na poilis, don uachdaran agus do na pàipearan-naidheachd. Bha iad a’ dol a dh’obrachadh air cogais muinntir na h-Alba is muinntir Bhreatainn gus am faigheadh iad ceartas.

Nuair a thàinig an latha – an dàrna latha fichead dhen t-Samhain – chaidh na croitearan a-steach don oighreachd, agus pìobairean aig an ceann. Thàinig geamair nan rathad. ‘An ann às bhur ciall a tha sibh?’ thuirt e. Ach cha d’ fhuair e freagairt.

An uair sin, thuirt e, ‘Cò tha air bhur ceann?’ Agus fhuair e freagairt de sheòrsa. ‘**Tha ar bonaidean!**’ thuirt na croitearan. Cha robh ceannard aca. Bha gach duine na cheannard.

Lean iad orra airson trì latha – na ceudan de dhaoine. Mharbh iad ceudan de dh’fhèidh. Rinn iad campa le nàdar de phàillean a bh’ air a dhèanamh de shiùil chanabhais agus cabraichean. Thog iad teintean mòra agus ghoil iad feòil.

Innsidh mi dhuibh tuilleadh mu dheidhinn a’ ghnòthaich an-ath-sheachdain. Ach fàgaidh mi sibh le ìomhaigh. Croitearan air beulaibh teine anns an dorchadas. A’ beannachadh toradh nam beann. Agus a’ gabhail òrain Ghàidhlig, leithid ‘Chunna’ mi ’n Damh Donn’. Uill, dè eile?

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Creach Mhòr nam Fiadh: *The Great Deer Raid*; frìth: *deer forest*; Lìog an Fhearainn: *Land League*; geamair: *gamekeeper*; ìomhaigh: *image*.

**Abairtean na Litreach:** Bha Dòmhnall MacRath na mhaighstir-sgoile ann an Sgoil Bhail’ Ailein: *Donald MacRae was a schoolmaster in Balallan School*; choisinn e cliù ann: *he won a reputation there*; rugadh e ann am Ploc Loch Aillse: *he was born in Plockton*; tha pàipearan aige am measg cruinneachadh Comunn Gàidhlig Inbhir Nis: *he contributed papers to the Transactions of the Gaelic Society of Inverness*; Ceann Drochaid ann an Alanais, ann an Ros an Ear: *Bridgend in Alness, in Easter Ross*; rinn e nàimhdean am measg uachdarain agus àrd-urrachan na Gàidhealtachd: *he made enemies among the landlords and establishment leaders in the Highlands*; bha e a’ taobhadh gu làidir ris na croitearan: *he was strongly siding with the crofters*; chuir X às a dhreuchd e: *X fired him from his position*; a’ toirt poilitigs a-steach don t-seòmar-theagaisg: *taking politics into the classroom*; a’ dol às àicheadh sin: *denying that*; ag agairt airson fearann an sinnsirean fhaighinn air ais: *claiming back the land of their ancestors*; far am b’ urrainn dha leantainn le obair airson ceartas: *where he could continue with his work for justice*; grunn choinneamhan poblach: *several public meetings*; roghnaich na croitearan a dhol air adhart le bhith a’ marbhadh fhiadh: *the crofters chose to go ahead and kill deer*; chuir iad fios do na poilis, don uachdaran agus do na pàipearan-naidheachd: *they informed the police, the landlord and the newspapers*; a’ dol a dh’obrachadh air cogais muinntir na h-Alba: *going to work on the conscience of the people of Scotland*; agus pìobairean aig an ceann: *with pipers at their head*; an ann às bhur ciall a tha sibh?: *are you out of your minds?*; bha gach duine na cheannard: *each man was a leader*; nàdar de phàillean a bh’ air a dhèanamh de shiùil chanabhais agus cabraichean: *a sort of marquee made of canvas sails and wooden poles*; ghoil iad feòil: *they boiled meat*; a’ beannachadh toradh nam beann:  *blessing the bounty of the hills*.

**Puing-chànain na Litreach:** ‘Cò tha air bhur ceann?’: *who is at your head? The Gaelic is literally ‘Who is on your head?’ and the crofters then gave the clever reply, which did not incriminate any individual, ‘Tha ar bonaidean’ – our bonnets! Apocryphal or not, this snippet of conversation has been passed on in Lewis folklore to this day.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Bha an sinnsirean air am fuadachadh: *their ancestors were cleared.*

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA*